

Horò chan eil cadal orm

Sèist

Horò, chan eil cadal orm,
Horò, sleep is not on me,
Chan eil m' air' air sòlas;
My mind is not contented;
Mo chùlaibh ri ceòl gàire
My back is turned against the sound of laughter
On latha chaidh mo phòsadh,
From the day I was married,
Ri seann fhear ged ghabh mi e.
To an old man, although I accepted him.

Rann 1

Bha m' athair is mo mhàthair,
My father and my mother,
'S mo bhràithrean uile deònach,
And my brothers were all willing,
Mo phòsadh ris an t-seann fhear
To have me married to the old man
On bha mi gann de stòras,
Because I had no wealth,
Horò, chan eil cadal orm.
Horò, I am unable to sleep.

Rann 2

Nuair bhios càch sna bailtean
While the others are in the towns
A' crathadh an cuid ghùintean,
Flaunting their gowns,
Bidh mise leis and t-seann fhear
I'll be with the old man
Is srann aig' air mo chùlaibh;
As he snores behind me;
Horò, chan eil cadal orm
Horò, I am unable to sleep

Rann 3

Comhairl' oirbhs' a chaileagan,
My advice to you, young girls,
An earail seo na diùltaibh,
This caution do not ignore,
Gun tàir a dhèan air òigear,
Do not show contempt for a young man
Ged bhios a sporan sùmhail.
However light his purse.
Horò, chan eil cadal orm
Horò, I am unable to sleep

chan eil - cannot; **cadal** - sleep; **orm** - upon me; **air'** - mind; **sòlas** - comfort; contentment; **chùlaibh** - back; **ceòl gàire** - sound of laughter; **latha** - day; **chaidh** - went; **phòsadh** - married; **seann** - old; **fhear** - man; **ged** - although; **ghabh** - took, accepted;

athair - father; **mhàthair** - mother; **bhràithrean** - brothers; **uile** - all; **deònach** - willing; **gann** - scarce; **stòras** - wealth;

Nuair bhios - when; **càch** - the others; **bailtean** - towns; **crathadh** - shaking, flaunting; **cuid** - their; **ghùintean** - gowns; **bidh** - will be; **mise** - me; **leis** - with; **srann** - snore; **chùlaibh** - behind;

Comhairl' - advice; **oirbhs'** - for you; **chaileagan** - girls; **earail** - caution; **seo** - here; **diùltaibh** - refuse, ignore; **tàir** - contempt; **dhèan** - make; **òighear** - young man; **Ged bhios** - even though; **sporan** - purse; **sùmhail** - thin, light;